



Tìotal: STIan/BBVan/HIV

Pàirt 2: Buaidh Ionadail agus Cruinneil HIV

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>A' cleachdadh na dh'ionnsaich mi, 's urrainn dhomh co-dhùnaidhean is roghainnean fiosraichte a dhèanamh a tha ag adhartachadh is a' dìon mo shlàinte is mo shunnd ghnèitheasach fhìn agus dhaoine eile. HWB 4-47b</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòraichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a' gabhail a-steach mo chòir air dìomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a' gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 4-48a</p>	<ul style="list-style-type: none">• A' tuigsinn nan còraichean agus nan dleastanasan a tha nam pàirt de fheise shàbhailte agus thlachdmhor.• A' mìneachadh far am faighear fiosrachadh, stiùireadh agus taic gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

Amasan ionnsachaidh

- Gun daingnich daoine' òga agus gun cur iad ri an eòlas air fiosrachadh mu HIV.
- Gun leasaich daoine' òga an tuigse mu chuid de na cùisean timcheall air HIV san latha a th' ann.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh fiosrachadh bunaiteach mu sgaoileadh HIV a mhìneachadh.
- Tha eòlas agam air leigheas dhrugaichean co-cheagailte ri bhith beò le HIV agus a bhith a' cur casg air HIV.
- Tha mi a' tuigsinn agus tha co-fhaireachdainn agam ri eòlas daoine a tha beò le HIV.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint Cothrom air iPad/tablaid no fònaichean pearsanta air am faighear chun an eadar-lìn
- *What is HIV?* (faid 3 mion. 29) film goirid bho amaze.org https://youtu.be/YxfOu_aTzH8
- *Living with HIV* (faid 3 mion. 10) film goirid bho amaze.org <https://youtu.be/lfBPQrmBwbA>
- World AIDS Day <https://www.worldaidsday.org/>
- Living with HIV: Personal Stories and experiences <https://www.avert.org/living-with-hiv/stories>
- Living with HIV – the experience of young people <https://youtu.be/Wq5NZ9SiEpY> (7 mion. 36)

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Tòisich an leasan mar seo: Tha an seisean seo mu HIV agus a' bhuidh a th' aige air feadh an t-saoghail agus an seo an Alba agus san RA. Bidh fiosrachadh ann mu HIV agus cuiridh na daoine òga seachad ùine mu bhuidh nan leigheasan dhruagaichean a gheibhear a-nis, agus mar a bhios daoine a tha beò le HIV a' fulang claon-bhreith no leth-bhreith. Bithear cuideachd a' cur an cuimhne nan daoine òga gur e condoman an dòigh as fheàrr air thu fhèin a dhìon bho HIV nuair a tha thu ri feise steachail.
2. **HIV Fiosrachadh bunaiteach...** Airson tòiseachadh, faighnich dha na daoine òga dè tha fios aca air mu HIV - còig puingeann mas urrainn dhaibh. Ma tha proimtichean a dhìth orra, 's dòcha gum faod iad smaoinichadh air dè a th' ann an HIV, mar a bhios e air a sgaoileadh (agus mar nach bi) agus ciamar a thathar ga làimhseachadh. Às deidh còmhraidh seall am film **What is HIV?** (faid 3 mion. 29) https://youtu.be/YxfOu_aTzH8 agus an uair sin na **6 slaighdean air a bheil fiosrachadh bunaiteach mu HIV** – dèan cinnteach à tuigse mar a tha sibh a' dol air adhart, agus ceartaich no thoir seachad tuileadh fiosrachaidh a rèir na tha fios aig na daoine òga no tha iad a' tuigsinn mu thràth mu HIV.
3. **'S e dùbhlann cruinneil a th' ann an HIV.** Inns dha na daoine òga gur e dùbhlann slàinte a th' ann an HIV air feadh an t-saoghail. Tha e cumanta, gu h-àraid ann an dùthchannan far a bheil daoine beò ann am bochdainn, agus far nach eil cothrom aca air cùram slàinte agus iocshlàint HIV. Seall an slaighd le àireamhan – a' mìneachadh gum faod bèibidhean HIV a thogail bho na màthraichean aca mura h-eil am màthair air iocshlàint HIV airson an *viral load* aca a chumail fo smachd. Dèan sgrùdadh air co-dhiù a bha eòlas aig na daoine òga air an dùbhlann a tha HI a' cur mu choinneamh an t-saoghail.

'S e dùbhlann cruinneil a th' ann an HIV.

- Tha 37 millean neach san t-saoghal beò le HIV.
- Tha seo a' gabhail a-steach 1.8 million de chlann fo aois 14.

4. **Latha AIDS na cruinne/World AIDS Day.** Faighnich dha na daoine òga an cuala iad riamh mu WAD, gach 1d Dùbhlachd. Seall an duilleag-dachaigh <https://www.worldaidsday.org/> air an smartboard. Inns gur e ribean dearg an suaicheantas a th' aig WAD – 's e rud a th' ann a dh'fhaodas daoine a chur orra airson an cuideachadh a' cuimhneachadh gu bheil an t-srì an aghaidh HIV fhathast cudromach. Seo an seuglachd (air slaighd):

An ribean dearg

Ann an 1991, deichead às d'èidh do HIV tighinn am bàrr, chruinnich luchd-ealain ann an gailearaidh ann an East Village, New York gus suaicheantas a chruthachadh, rud a dh'fhaodadh daoine a chur orra mar chuimhneachan air na daoine a bhàsaich agus air strì nan daoine a tha beò le HIV. Cho-dhùin iad gun robh an lùb eireachdail de chumadh an riobain furasta a dhèanamh agus ath-dhèanamh. Sheachain iad dathan traidiseanta co-cheangailte ris a' choimhearsnachd gèidh, leithid pinc is striopan bogha-froise, oir bha iad airson innse gun robh HIV a' buntainn ris a h-uile duine. Thagh iad dearg mar dhath làidir, agus bhon a bha ceangal aige ri paisean, cridhe agus gaol.

5. **Living with HIV:** Seall am film **Living with HIV** (faid 3 mion. 10) <https://youtu.be/IfBPQrmBwbA> agus dèan sgrùdadh air na beachdan.

6. Living with HIV: Personal Stories and experiences <https://www.avert.org/living-with-hiv/stories>

Seall an làrach-lìn air a' smartboard agus leugh an teacsa aig an toiseach. Iarr air na daoine òga iPad/tablet/fònaichean a chleachdadh gus sùil a thoirt air agus cuid cuid den fhianais phearsanta bho air feadh an t-saoghail a tha air innse a leughadh. Às dèidh beagan leughaidh fa leth no ann an dithisean, iarr beachdan mu na sgeulachadan a chaidh innse.

7. HIV ann an Alba. Aidich gu bheil an seisean thuige seo air a bhith a' coimhead air HIV air feadh an t-saoghail, ach tha HIV an seo san dùthaich againne cuideachd. Seall an slaighd.

Fiosrachadh mu HIV ann an Alba

- Sa bhliadhna a chaidh seachad chaidh dearbhadh gu bheil HIV air 361 neach às ùr ann an Alba.
- Bidh 2 neach òg eadar aoisean 15 – 24 a' faighinn dearbhadh gu bheil HIV orra gach mìos.

Cleachd na ceistean mar phroimt còmhraidh:

- A bheil thu a' smaoinichadh gum bi daoine òga dhed aois a' smaoinichadh mu chunnart HIV?
- A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil fios aig daoine òga dhed aois ciamar a nì iad dìon orra fhèin bho HIV – no gu dearbh bho STIan eile?

8. Beò le HIV – eòlasan dhaoin' òga. Inns san latha an-diugh gum faod boireannach a tha beò le HIV iocshlàint a chleachdadh gus smachd a chumail air an HIV aice, cha robh sin mar sin sna 80an/90an agus mar sin gun robh bèibidhean gam breith aig an àm sin le HIV. Tha am film a' sealltainn dhaoin' òga a tha air fàs suas le HIV. 'S e prìomh phuing an fhilm gur e an duilgheadas as motha a-nis an stiogma agus an cion eòlais a bhios daoine a tha beò le HIV a' dèiligeadh ris. <https://youtu.be/Wq5NZ9SiEpY> (7 mion. 36) Coimheadaibh am film agus bruidhneibh air cùisean no ceistean sam bith a tha ag èirigh.

9. A' dèiligeadh ri HIV an-diugh. Inns gun deach iomradh a thoirt air mar as urrainn do leigheasan a bhios daoine a' gabhail gus an HIV aca a chumail fo smachd a bhith gu math èifeachdach a-nis. Mìnich gun tèid na drugaichean a tha a dhìth orra a thoirt do gach neach agus gu bheil e glè chudromach gun cùm iad ris a' phlana aca. Ma nì iad sin, bidh eallach bhìorasach neo-aithnichte aca agus bidh beatha mhath aca.

Faighnich dha na daoine òga an cuala iad mu dhruagaichean ris an canar (giorrachadh) PrEP no PEP. (Chaidh iomradh a thoirt air PrEP na bu thràithe). Seall na slaighdean mu PrEP agus PEP agus ruith thairis air na prìomh phuingean - a' daingneachadh airson na comhairle as fheàrr no ann an suidheachadh èiginn gum bu chòir dhaibh a dhol gu clionaig slàinte fheiseil no ionad-tadhail dhaoine òga.

10. Seirbheisean slàinte feiseil. Prìomh theachdaireachdan airson crìochnachadh – Ma bhios tu a' cleachdadh chondoman airson feise faighean no tòine, bidh thu gad dhìon fhèin bho HIV. Ma tha dragh air daoine òga gu bheil iad ann an cunnart bho HIV, bu chòir dhaibh a dhol gu clionaig sa bhad. Cuir na seirbheisean ionadail an cuimhne nan daoine òga (cuir am fiosrachadh air an t-slaighd).

Beachdan eile

- 'S e tachartas bliadhna a th' ann an **World AIDS Day** a bhios ga chomharrachadh air a' 1d Dùbhlachd san urrainn do sgoiltean/buidhnean coimhearsnachd pàirt a ghabhail. Gheibhear pacaichean foghlaim air-loidhne a bhios a' coimhead air cuspair sònraichte na bliadhna, agus gabhaidh ribeanan dearg òrdachadh an-asgaidh. Bheireadh seo cothrom air ionnsachadh tar-churraicealam a bharrachd air pròiseact sgoil gu lèir mu chuspair nàiseanta agus eadar-nàiseanta. <https://www.worldaidsday.org/>
- Bidh an **National AIDS Trust** a' cruthachadh ghoireasan teagaisg do dhaoine a tha airson tuilleadh ionnsachadh mun chuspair seo: <https://www.nat.org.uk/teachers-resources>
- **An illustrated timeline of HIV in the UK:** Leabhran brèagha le dealbhan <https://www.nat.org.uk/sites/default/files/teachers-resources/HIV%20illustrated%20timeline%202017.pdf> agus dreachd didseatach (beothaichte) https://youtu.be/u26_jDDLS14
- **First Minister Nicola Sturgeons 2019 World AIDS Day message** <https://youtu.be/MaU1-FFyaU0> (1 mhion. 35)
- **More on PrEP** <https://prep.scot/>

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar na leanas a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun leasan seo:

Mar phàirt den ionnsachadh againn mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd, bidh sinn ag ionnsachadh mu bhuidh HIV agus AIDS gu nàiseanta agus gu h-ionadail. Seo feadhainn de na goireasan air am bi sinn a' coimhead, 's dòcha gum bi ùidh agaibh annta. Bruidhnidh sinn cuideachd mu Latha AIDS na Cruinne a bhios ga chomharrachadh gach bliadhna air a' 1d Dùbhlachd.

- World AIDS Day <https://www.worldaidsday.org/>
- Living with HIV: Personal Stories and experiences <https://www.avert.org/living-with-hiv/stories>
- Living with HIV – the experience of young people <https://youtu.be/Wq5NZ9SiEpY> (7 mion. 36)

Nòtaichean Tidseir

